

# faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 48 • An t-Sultain 2013 • September 2013

## FÈIS TÌR A' MHURAIN SILVER CELEBRATIONS



*The Gaelic-medium Fèis Tìr a' Mhurain, based in South Uist, celebrated its 25th anniversary in July with a special cèilidh and gala day following a very successful Fèis.*

Air thoiseach air Fèis Tìr a' Mhurain am-bliadhna, bha fios aig a' chomataidh gum biodh tòrr ullachaidh na lùib airson a dhèanamh buileach sònraichte dhan òigridh agus dhan a' choimhearsnachd ann an Uibhist a Deas.

Tha 25 bliadhna ann a-nis bhon a chaidh an Fhèis a stèidheachadh agus chaidh a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh ann an dòigh a thug clann agus pàrantan còmhla, a bharrachd air daoine a bha air a bhith an sàs ann am Fèis Tìr a' Mhurain thar nam bliadhnaichean. Nam measg bha cuid a bha nan com-pàirtichean nuair a bha iad òg no nam buill den chomataidh. Bha daoine leithid Tommy Dòmhnallach air a' chomataidh aig an toiseach agus tha e fhathast ann an-diugh.

Rè seachdain na Fèise, bha còrr is 140 an làthair bhon chiad latha agus bha a' chomataidh air leth trang. A bharrachd air cothrom oideachadh fhaighinn ann an iomadh diofar ionnsramaid, bha clasaichean dràma, seinn, dannsa, iomain agus sgilean nam meadhanan air an tabhann do chlann a bha airson rudeigin eadar-dhealaichte fheuchainn. Chaidh pròiseact cruthachail a chur air bhonn dhan fheadhainn a bha a' gabhail pàirt ann an clas nam meadhanan, far am biodh aca ri dhol mun cuairt air na clasaichean eile a' faighneachd mar a bha cùisean a' dol agus dè a bha a' còrdadh riutha mun Fhèis. Tron t-seachdain chlàraich iad na freagairtean a fhuair iad agus chruthaich iad bhideo a chaidh a shealltainn aig a' chonsairt aig deireadh na seachdain. Aig a' chonsairt bha e follaiseach cho dicheallach 's bha a' chlann air a bhith agus chòrd a' chùis ris a h-uile duine, ach cha robh e buileach seachad fhathast!

Air 28mh den Iuchar, chaidh latha sònraichte a chumail ann an Talla Staoinebrig airson crìoch cheart a chur air an 25mh Fèis. Airson cùisean a thòiseachadh chaidh Rèis na Fèis a chumail aig trì uairean far an do ruith inbhich agus clann tro Staoinebrig agus air ais chun an talla. Airson clann a chumail dòigheil bha caisteal bogadaich air a chur suas agus airson an fheadhainn a bha beagan na bu shine, bha teatha, cofaidh agus cèicichean gu leòr ri fhaighinn a-staigh san talla. Chaidh seann dheilbh a shealltainn bho Fèisean a chaidh seachad agus bha gu leòr aodainn aithnichte an làthair.

Aig sia uairean thòisich cèilidh far an cualar fuinn bho chuid den luchd-teagaisg airson cothrom dannsa a thoirt dha daoine, agus thàinig cùisean gu crìoch le taghadh de dh'òrain bho Arthur Cormack a fhuair cuireadh mar aoigh na h-oidhche. Thathar an dòchas gum bi an ath 25 bliadhna cho math ris an fheadhainn a dh'fhalbh aig Fèis Tìr a' Mhurain!

Ann an iris seo:

Fèis Tìr a' Mhurain .....	1
Fèis News .....	2 - 4
Forthcoming Fèisean .....	4
Youth Music Initiative .....	5
Cèilidhean air Chuairt .....	6
Coinneamh Bhliadhnaile .....	6
Blas Festival 2013 .....	7
Sgoil Shamhraidh Dhràma.....	8
Fuaran .....	8



### FÈIS NA H-ÒIGE @ 21

Tha Fèis na h-Òige air aon bhliadhna air fhichead a chomharrachadh le dà thachartas samhraidh soirbheachail do dh'òigridh aig a bheil Gàidhlig.

An toiseach chaidh prìomh fhèis an t-samhraidh a chumail air a' chiad seachdain den Iuchar, ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, le còrr is trì fichead òganach a' frithealadh bhùithtean-obrach ann an iomadh cuspair traidiseanta. Bha fèill mhòr cuideachd air a' chlas dhràma is cleasaichean òga a' gleusadh nan sgilean aca is iad ag obair air dealbh-chluich. Airson a' chiad triop bha ealain na sràide air a thabhann cuideachd a' toirt cothrom dhan chloinn casan fada agus pèant-sprèidhidh fheuchainn.

Thàinig aoiighean sònraichte a-staigh chun na fèise feasgar Diciadain: 'Hò-Rò' còmhlan-ciùil òg à sgìre Inbhir Nis aig a bheil buntanas làidir ri Fèis na h-Òige.

An uair sin aig toiseach an Lùnastail bha tachartas eile aig an fhèis a dh' aona ghnòthach airson piobairean is drumairean òga. 'S e fèis bhliadhnaile còmhnaidh a th' anns an tachartas seo is i a-nis na ceathramh bliadhna. Tha i a' tabhann sàr-oideachas piobaireachd is drumaireachd thairis air ceithir latha gu lèir air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

## FÈIS SPÈ TAKES PLACE IN OCTOBER



Fèis Spè holds its main Fèis week in October but also runs many other events and projects throughout the year. This summer in particular has been very busy with a Cèilidh Trail tour, a new Irish–Scottish exchange trip and concerts with the renowned Blas festival.

The Fèis Spè Junior Cèilidh Band was also busy over the summer playing in various locations around the Cairngorms National Park and the group are looking forward to a residential weekend in conjunction with Fèis Rois and Fèis Inbhir Narainn in November.

Finally, as the summer drew to a close Fèis Spè was delighted to take part in two Blas concerts: the Cèilidh Trailers played in Kingussie alongside Cruinn and Seamus Begley & Jim Murray, whilst in Aviemore the Junior Cèilidh Band played support to renowned piper Calum MacCrimmon and his new Blas commission *Boraraig*.

Plans are well underway for Fèis Spè which takes place from Monday 7th to Friday 11th October in Aviemore Primary School.

Online booking and full details on the main Fèis week and all of Fèis Spè's events are available at [www.feisspe.org.uk](http://www.feisspe.org.uk) or contact Caroline on 07989 907 213. You can also find them on Facebook and [www.feisean.org](http://www.feisean.org).

## FÈIS THIRIODH

**Thill Fèis Thiriodh air ais gu Sgoil Thiriodh am-bliadhna. Bha an t-àite na bhoil agus airson a' chiad turais bha Fèis Bheag aca far an robh còrr agus fichead duine beag fo aois 5 a' ruith mun cuairt san deagh shìde. Chaidh còmpàirtichean a-null a Bharraigh air an aiseag cuideachd far an do choinnich iad ri Fèis Bharraigh airson dannsa air a' chidhe mus do thill iad air bòrd agus air ais a Thiriodh.**

Fèis Thiriodh went back to its roots in Tìree High School for the first time in three years. There was a great buzz about the place and this year they held a very successful Fèis Bheag with over 20 under 5s happily enjoying the stunning Tìree weather. For the second time too, the Fèis and many locals went on the "Muse Cruise" over to Barra for the day. Everyone had great fun on the ferry and they were met by Fèis Bharraigh and almost everyone in Castlebay, who joined in a huge Orcadian Strip the Willow on the pier before re-boarding for more fine music and, finally, dry land in Tìree.



## FÈIS NAN GARBH CHRÌOCHAN



**Tha Fèis nan Garbh Chrìochan air a bhith gu math soirbheachail a-rithist am-bliadhna. Bha tòrr spòrs is fealla-dhà a' dol air adhart tron t-seachdain ach bha an luchd-teagaisg agus a' chlann an sàs ann an obair chruaidh cuideachd. Chaidh crìoch a chur air an Fhèis le consairt mìorbhaileach a' sealltainn na chaidh ionnsachadh tron t-seachdain. A bharrachd air na rudan àbhaisteach aig an Fhèis, bha 'pub quiz' agus 'scavenger hunt' aca airson Gàidhlig a brosnachadh anns an sgìre. air fad.**

The Fèis song could be heard from the other end of Acharacle during Fèis week as they met once again to celebrate the local music and traditions of the area. The Fèis ended with a fantastic concert highlighting the talent and hard work of the children and tutors. Aside from the usual music classes and drama, this year the Fèis tried different methods to promote the Gaelic language including a pub quiz and a scavenger hunt.

## FÈIS A' BHEALAICH

During the second week of August, Applecross was filled with verse and song as the third annual Applecross Bardic School took place. As well as the main Bardic School activities a 'mini-fèis' offered a traditional music presentation from Christine Martin who demonstrated and explained different instruments of Scotland and then gave a taster session in tin whistle. More music followed on Thursday night with a guest appearance from well-known west coast group The Cast Ewe Cèilidh Band. Most activities were delivered through Gaelic, with translation headsets available to all, and Gaelic language classes were offered every day.

The School plans to run its next event early in August next year. For more information please visit [www.sgoilbhardachd.co.uk](http://www.sgoilbhardachd.co.uk) or phone 01520 744 482.

## FÈIS ARAINN

**Bha Fèis shoirbheachail air Eilean Arainn am-bliadhna. Bha side math aca agus chòrd a h-uile dad ris a' chloinn. 'S e Runrig an cuspair a bh' aca agus bha tòrr de na h-òrain aig Runrig rin cluinntinn. Bha suas ri leth-cheud neach ann agus bha cèilidh an fheasgair sgoineil.**

Arran had a successful Fèis this year. The weather was fantastic and everyone enjoyed themselves. This year's theme was the band Runrig. The art class were able to make items such as haystacks, horses, old thatched houses and a whole variety of things relating to the numerous songs Runrig have composed over the years. The family ceilidh was very busy as usual with the tutors coming together to form one of the best Fèis bands ever.

There were up to 50 participants from Arran and beyond who all enjoyed the Fèis activities and all promised to return next year.





## SOIRBHEAS CÒMHLAIN FÈIS EILEAN AN FHRAOICH



Gach oidhche Chiadain ann an Tàlla Einicleit an Steòrnabhagh mar phàirt de Fèis Eilean an Fhraoich, bidh clas obair-buidhne òigridh ga chumail fo stiùir Andrew Yearley agus Anna Mhoireach. Bidh còrr is 15 an làthair a' cluich ionnsramaidean aig ìre àrd agus a' seinn còmhla. Fon ainm Faram bidh iad a' cluich aig consairtean agus cèilidhean air feadh an eilein gus aine a thogail dhaibh fhèin, a bharrachd air a bhith a' cluich ann an Steòrnabhagh bho àm gu àm. O chionn ghoirid, thàinig e am follais gun robh na h-oidhirpean aca air a bhith soirbheachail dha-rìreabh nuair a chaidh iarraidh orra nochdadh air Àrd-ùrlair nan Eilean aig an tachartas as motha ann an Steòrnabhagh - Fèis Cheilteach Innse Gall.

Le taic bho Anna agus Andrew, Sandy MacIlleathain agus Jane Hepburn, tharraing Faram an luchd-amhairc a-mach às a' ghrèin agus a-steach dhan teant aig dà uair feasgar Dihaoine nuair a thòisich iad a' cluich nam fonn a bha iad air a bhith trang ag ullachadh fad mhìosan. Airson trì chairteal a h-uarach chùim iad casan a h-uile duine a' dol agus basan a' bualadh ri chèile san èisteachd. Bha measgachadh de dh'òrain agus de phuirt aca, a' taisbeanadh an tàlant air leth a bha aig gach ball den chòmhlan agus cho comhfhurtail 's a tha iad a' cluich còmhla. Aig deireadh na cùise, mura b' e gun robh cùisean caran teann a thaobh ullachadh airson an ath chòmhlan, cha bhiodh an sluagh air leigeil leotha fàgail. Le beartas de thàlant òg, tha a h-uile coltas ann gum bi Faram a' nochdadh aig tachartasan agus Fèisean bho seo a-mach - cùmaibh sùil gheur a-mach air an son!

Cuideachd, bhon 22mh chun an 26mh den Iuchar chuir Leòdhas fàilte air Fèis Eilean an Fhraoich, a chaidh a chumail ann am Bun-sgoil Steòrnabhagh. Bha a' ghrian a' deàrrsadh fad na seachdain agus chaidh cuid de na clasaichean a chumail a-muigh. Thug seo tòrr spionnadh dhan chloinn! Le Fèis nan Deugairean ga tabhann fo stiùir luchd-ciùil ainmeil mar Andrew Yearley, Alasdair White agus Catriona Watt, bha ceòl air leth tarraingeach ri chluinntinn bho na 13 com-pàirtichean, a bha ag obair còmhla mar bhuidheann.

## FÈIS LANNRAIG A TUATH

Bho ealain gu iomain, dannsa Gàidhealach gu bogsa-ciùil, bha a h-uile rud ri fhaighinn aig Fèis Lannraig a Tuath a chaidh a chumail air an t-seachdain mu dheireadh den Iuchar. Thàinig a' chlann bhon sgìre fhèin agus fhuair iad blasad de dhiofar ionnsramaidean fad na seachdain. Thàinig an Fhèis gu crìoch le consairt mòr do phàrantan agus, tron t-seachdain, thadhail Jamie Hepburn BPA air muinntir na Fèise.

There was a lot to choose from at Fèis Lannraig a Tuath, from shinty to art, highland dancing to accordion! Young people from Cumbernauld, Condorrat and beyond were involved in the Fèis and received a taste of each instrument and activity. During the week, Jamie Hepburn MSP visited and the Fèis culminated in a big concert at Greenfaulds High School when the young people performed their chosen pieces in front of friends and family.



## FÈIS LOCHABAIR



Chaidh cuirm shònraichte a chumail aig Geamannan Àrasaig far an d' fhuair luchd-ciùil òg à Loch Abair an cothrom a cluich ann an còmhlan. Cha tug an droch shìde buaidh air cùisean agus nochd na ceudan de dhaoine airson nan geamannan fhaicinn is an ceòl a chluinntinn.

A special event was held at the Arisaig Games where young people from the Lochaber area had the opportunity to perform as a band on the day of the Games.

Under the instruction of Sileas Sinclair and Ewen Henderson, the Fèis band spent two days putting together sets and songs ready to perform. The cold, wet weather didn't deter the youngsters from putting on a fantastic show attracting big crowds to their tent throughout the day. Local songs and tunes were learnt for the occasion and a fun day was had by the band and the Games spectators!

## FÈIS EILEAN NA HEARADH

Bhon 1-5mh latha den Iuchar bha clann Na Hearadh air an cumail trang. Le 60 an làthair aig Fèis Eilean na Hearadh ann an Sgoil Sir E Scott bha seachdain soirbheachail aca, le sàr-oidheachd ann an iomadh ionnsramaidean a bharrachd air seinn, iomain, dannsa cèilidh agus cuspair ùr a bha gu math tarraingeach – a' cruthachadh stuth à Clò Hearach. Bha a' ghrian a' deàrrsadh bhon chiad latha agus fhuair a' chlann cothrom faighinn a-mach airson iomain a chluich air a' phàirc. Airson clann a bha beagan na bu shine, chaidh clas sònraichte a ruith far an d' fhuair cuid an cothrom a dhol timcheall air clasaichean eile gus dealbhan a thogail. Bha cothrom aig daoine na dealbhan a cheannach air an oidhche mu dheireadh.

Chaidh cèilidh luchd-teagaisg a chumail air oidhche Chiadain ann an Tigh mo Sheanair far an d' fhuair a' choimhearsnachd cothrom feuchainn air dannsa no dhà. Chaidh òran a sgrìobh Iain A MacSuaib mun luchd-teagaisg agus a' chomataidh a sheinn agus thug sin gàire air na bha an làthair. Chaidh cuirm na cloinne a chumail Dihaoine, far an deach na sgìlean ùra aca a thaisbeanadh. Chluich nighean òg a' phìob mhòr airson a' chiad uair air an àrd-ùrlair an dèidh dhi tòiseachadh oirre Diciadain – abair oidhirp!

## FÈIS THRÒNDARNIS

Ann an Stafainn, ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich, chaidh Fèis Thròndairnis a chumail le còrr is 40 an làthair airson seachdain làn ciùil, fealla-dhà agus dibhearsain. Fo stiùir leithid John Carmichael agus Addie Harper, fhuair a' chlann eòlas air obrachadh còmhla mar bhuidheann, le dreach eadar-dhealaichte agus ùr air gach fonn. Bha aig a h-uile neach ri Òran na Fèise ionnsachadh, a sheinneadh iad uile còmhla aig deireadh na cùise.

Bha ceòl agus dannsa gu leòr a' dol tron t-seachdain, chan ann a-mhàin am measg na cloinne ach air an oidhche cuideachd. Bha dà chèilidh air a chumail sa bhàthaich aig 4 Floideagarraidh far an do nochd an seinneadair cliùiteach, Alasdair MacGilliosa, a bhuineas don sgìre airson òran no dhà a ghabhail. Thug seo tlachd dha na bha an làthair. Air feasgar Dihaoine thàinig a h-uile duine còmhla gus na sgìlean ùra a thaisbeanadh don choimhearsnachd agus do phàrantan. Chòrd a' chùis ris a h-uile duine a bha an sàs innte.

## FÈIS AN RUBHA AIR STÈIDH LÀIDIR



Thug Fèis an Rubha Fèisean nan Eilean Siar gu crìoch aig deireadh an t-samhraidh. Thachair an Fhèis eadar 5mh agus 9mh den Lùnastal. Bha 40 a' gabhail pàirt agus chaidh a' chlann a thoirt timcheall na sgoile leis a' phiobaire madainn Diluain, a' caismeachd air a chùlaibh mar thoiseach tòiseachaidh air an t-seachdain.

Ged a bha na clasaichean beag ann an àireamhan, bha an ceòl a bha a' siubhal tro na trannsaichean làidir agus bha a' chlann dìcheallach agus deònach ceòl Gàidhealach ionnsachadh. Fhuair a' chlann as òige cothrom a dhol timcheall nan clasaichean ciùil gus blas fhaighinn de gach ionnsramaid gus am biodh fios aca dè bhiodh romhpa anns na bliadhnaichean a tha ri tighinn.

Chaidh Fèis Deugairean a stèidheachadh airson a' chiad turais fo stiùir Chaluum Mhàrtainn agus thòisich an triùir a bha na lùib ag obair sa bhaid, a' sgrìobhadh dà òran ùr mu dheidhinn sgìre an Rubha. Le taic bho chuid den luchd-teagaisg eile, chaidh fuinn a chur riutha agus chaidh an leasachadh agus an atharrachadh mean air mhean gus an robh iad riaraichte leotha. Bha a h-uile duine a thàinig chun a' chonsairt air oidhche Haoine air an dòigh leis na h-òrain ùra mun sgìre aca agus chaidh iarraidh orra seinn còmhla riutha anns an t-sèist.

## FÈIS CHATAIBH

Tha samhradh trang soirbheachail eile air a bhith aig Fèis Chataibh le còrr is deich òganach thar fhichead a' lìonadh Àrd-sgoil Ghoillspidh airson còig latha làn ciùil, seinn, dràma, ealain is fealla-dhà.

Fèis Chataibh celebrated another busy summer with over 70 young participants filling Golspie High School for five full days of music, singing, drama, art and fun. Gaelic played a central role in the Fèis with informal language workshops every day and a visit from the G-Team for a Gaelic games and song session. As well as the many daytime activities there were plenty of extra-curricular activities with games and sports nights as well as a tutors' concert.

Chairman Clive Grewcock said, "There was a great atmosphere at the Fèis all week and we all really enjoyed it. It's amazing to see the progress the kids make from Monday to Friday and I don't think there's any better way to start off the school holidays! A lot of work goes into an event like this and I'd like to thank the committee, everyone who helped and Golspie High School for welcoming us back for another year."

A final concert rounded off the week with the youngsters performing for their families and friends and it was clear to all in the audience that East Sutherland is a very musical area!

## FÈIS TÌR AN EÒRNA

Air a' chiad seachdain de shaor-làithean na sgoile chaidh Fèis Tìr an Eòrna a chumail ann an Sgoil Phaibil an Uibhist a Tuath, far an robh 101 an làthair gus sgilean ciùil ùra ionnsachadh air iomadh diofar ionnsramaid, dràma, seinn agus iomain.

Fo stiùir luchd-teagaisg beòthail agus dìcheallach, chaidh òrain agus fuinn ùra a thogail gu luath agus bha ceòl ri chluinntinn tro thrannsaichean na sgoile fad na seachdain. Chaidh clasaichean ann an ealain agus beòthachadh a thabhan cuideachd, le toradh na h-obrach air a shealltainn aig consairt na cloinne Dihaoine.

Chaidh cèilidh a chumail oidhche Chiadain ann an Taigh Sgìre Shollais agus bha am feasgar soirbheachail dha-rìreabh. Chaidh tàlant an luchd-teagaisg a thaisbeanadh air beulaibh na coimhearsnachd agus thug seo cothrom dhaibh beagan fealla-dhà a bhith aca.

Chaidh gèam iomain a chumail feasgar Diardaoin an dèidh na Fèise agus gu fortanach chum an t-uisge air falbh!

Thàinig cùisean gu ceann leis a' chonsairt, far an do sheall a' chlann dhan h-uile duine na bha iad air a bhith ag ionnsachadh fad na seachdain.

## FORTHCOMING FÈISEAN

Four separate Fèisean are gearing up for two weeks full of music and fun for young people in the Highlands during the October holidays. There's another reason for celebration too – Fèis Spè is marking its 23rd birthday and Fèis a' Bhaile its 22nd ... that's 45 years of quality music and arts tuition between the two of them!

Fèis Òigridh na Mara holds its weekend Fèis on the 5th and 6th of October. Classes will be held in various instruments together with art, games and song. The Fèis works closely with the local festival, 'Fèis na Mara' which takes place on the same weekend and is a great opportunity for young people to learn more about traditional music. For more information please speak to Vicky on 01397 704132 or [Vicky@feisean.org](mailto:Vicky@feisean.org).

Fèis Spè takes place between 7th and 11th October in Aviemore. Three age ranges will be offered: Fèis Bheag for primary children aged 5 to 7; Junior Fèis for children aged 8 to 12 and the Senior Fèis for secondary school pupils. All abilities are catered for and a wide range of subjects is available. Senior Fèis participants will also be offered sound technology classes. Daily groupwork and games sessions as well as Gaelic language activities are also included - but fluency in Gaelic is not necessary. Full information and an online booking form are available at [www.feisspe.org.uk](http://www.feisspe.org.uk), or phone Caroline on 07989 907 213.

Fèis Rois nan Deugairean ('The Senior Fèis') is a residential week for S1-6 pupils and takes place in Ullapool from 7th to 11th October. Have a look at [www.feisrois.org](http://www.feisrois.org) or contact 01349 862 600 / [fios@feisrois.org](mailto:fios@feisrois.org) for full details.

Fèis a' Bhaile in Inverness has a busy week in store from 14th to 18th October in Millburn Academy. This Fèis is open to children aged 8 to 18 and offers a wide choice of subjects including various instruments, step-dancing, Gaelic song, and Gaelic drama. There are also art, shinty and groupwork sessions on offer every day before lunch. Full information and a booking form is available at [www.feisean.org](http://www.feisean.org) or contact Rachel on 01463 225559 or [rachel@feisean.org](mailto:rachel@feisean.org).

Why not have a look at our Fèis map at [www.feisean.org](http://www.feisean.org) to find out more about these and other events near you or contact us on 01463 225559.



## FÈIS BHARRAIGH A' LEUDACHADH OBAIR NAN DEUGAIREAN



Bha an ceò na laighe trom air Bàgh a' Chaisteil nuair a dhòirt 137 clann tro na dorsan aig Fèis Bharraigh air an 8mh latha den Iuchar airson seachdain làn fealla-dhà agus ionnsachaidh. Beag air bheag thàinig a' ghrian a-mach agus fhuair na cluicheadairean iomain a-muigh mu dheireadh thall!

Fhuair a' chlann cothrom ceithir diofar chuspairean a thaghadh, a' toirt eòlas farsaing dhaibh air cuspairean agus ionnsramaidean a bhuineadh do chultar na Gàidhlig. Dimàirt chaidh dannsa na cloinne a chumail san sgoil le ceòl bhon luchd-teagaisg. Thug seo cothrom dhan òigridh beagan a bharrachd eòlas fhaighinn air càch a chèile.

Chaidh cèilidh a chumail ann an Caisteal Chiosmuil Diciadain airson coimhearsnachd Bharraigh agus luchd-turais, far an d' fhuair iad blas de na bha a' chlann ag ionnsachadh. Diardaoin bha oidhche coiridh agus piobaireachd aca ann an ceann a tuath Bharraigh, far an robh piobairean òga Fèis Bharraigh ri làimh airson fuaim gu leòr a dhèanamh. Thàinig an t-seachdain gu ceann Dihaoine le cuirm na cloinne.

Airson a' chiad turais am-bliadhna, chaidh Fèis Bharraigh nan Deugairean a chur air dòigh dhan fheadhainn as sine a bhios a' frithealadh a' phrìomh Fhèis as t-samhradh. Gu fortanach bha deagh aimsir aca fad na deireadh-seachdain, agus fhuair an òigridh an cothrom a dhol chun na tràghad gus BBQ a ghabhail agus beagan snàmh a dhèanamh.

Le dreach eadar-dhealaichte air a' gheam thraidiseanta, shreap a' chlann air buill mhòra phlastaig gus 'bàll-coise builg' no 'bubble football' a chluich agus abair gun robh gàireachdainn gu leòr a' dol air adhart, le daoine a' tuiteam, a' roiligidh agus a' dol bun os cionn gus an robh e duilich dhaibh an casan a lorg a-rithist! Airson an fheadhainn a bha airson rudeigin beagan na bu dorra a dhèanamh, chaidh surfadh-gaoithe a thabhann dhaibh fo stiùir phroifeasanta agus chòrd seo ris a h-uile duine a ghabh pàirt. Bha deagh dheireadh-sheachdain aig a h-uile duine a bha na lùib.



## FÈIS NAN DEUGAIREAN (LOCH ABAR) SAN T-SAMHAIN

Thèid Fèis a chumail son deugairean a-rithist am-bliadhna. An turas seo, 's ann an Ath Tharracail a bhios i, anns an t-Samhain, a' toirt cothrom do dheugairean bho air feadh Loch Abar pàirt a ghabhail agus na sgilean aca adhartachadh.

Fèis nan Deugairean will take place on the 2nd and 3rd of November in Acharacle. The aim of this Fèis is to bring together teenagers from within the four Lochaber Fèisean to develop their traditional music skills and meet like-minded teenage musicians from across the area.

The Fèis will include morning sessions in fiddle, clàrsach, guitar, piping, Gaelic singing, keyboard, accordion and stepdancing, followed by groupwork sessions in the afternoon.

For those not staying in the Acharacle area, accommodation will be available and there will be a session or two on the Saturday evening. A weekend not to be missed!

For more information please contact Vicky Maclean: [vicky@feisean.org](mailto:vicky@feisean.org) | 01397 704132 or 'like' them on facebook: Fèis nan Deugairean (Loch Abar).

## YOUTH MUSIC INITIATIVE

Tutors involved in the delivery of the YMI (Traditional) programme in Highland schools met in Strathpeffer on 24th August in preparation for school session 2013/14.

The main focus for the day was building up resources for tutors to use with classes in ensuring active involvement. This was mostly in the form of 'fun' warm-up sessions and games, which tutors embraced with enthusiasm!

Links were also strengthened with the Kodaly programme, which is another aspect of YMI in Highland schools, as Dolina Munro shared some activities she uses in class.

The YMI programme is now in its eighth year and tutors have adapted their delivery to work within the Curriculum for Excellence. As a result of that, schools have been provided with plans encompassing aspects of the Expressive Arts curriculum along with certain targets for Literacy and Health and Wellbeing.

Bob Massie and Gillian Stevenson have commendably integrated the use of SmartBoards in their sessions allowing for total inclusion.

The enthusiasm and commitment of tutors, along with their co-operation when working with schools, has hopefully ensured Fèisean nan Gàidheal's input to the YMI programme for the future.

Further details from Rae MacEachern, YMI Schools Co-ordinator by e-mailing [rae@feisean.org](mailto:rae@feisean.org).



Through its Fèisgoil service, Fèisean nan Gàidheal has taken on a contract with Renfrewshire Council delivering Tin Whistle lessons in four schools in Paisley as part of the authority's YMI provision.

The contract will run for 30 weeks and is being delivered by Andrew MacPherson who, as well as teaching whistle, will be working with the children on some Gaelic phrases in the run up to the Royal National Mòd to be held in the town this October.

## SAMHRADH TRANG AIG NA CÈILIDHEAN AIR CHUAIRT



Fèis Latharna & Irish musicians

Bha seusan air leth trang aig na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna 's iad a' gabhail air an rathad le còrr is 260 tachartas bho naoi buidhnean thàr miosan an t-samhraidh.

Am bliadhna chaidh Cèilidhean air Chuairt a chur air dòigh le Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis an Earraich, Fèis Fhoirt, Fèis Spè, Fèis Chataibh agus bha trì buidhnean aig Fèis Rois – buidheann ionadail agus dà bhuidheann nàiseanta.

Thòisich gach Cèilidh air Chuairt le seachdain trànaidh aig Fèis Alba, a bha ruith air a' chiad chlà-deug den luchd sa Phloc. A-measg an luchd-teagaisg am bliadhna bha Iain MacIlleMhìcheil, Anna Massie, Ailean MacEanruig, Alasdair White, Sheila McCutcheon, Eachann MacAonghais, Art MacCarraig agus Blàr Dubhghlas.

Fhuair na com-pàirtichean sàr-oideachadh ann a bhith a' cur seataichean ciùil agus òran ri chèile, a bharrachd air obair air fuaim, dannsa, sgilean stèidse agus air a bhith a' cur tachartasan air dòigh.

Aig deireadh na ciad seachdain chaidh cèilidh a chur air dòigh leis na buidhnean ann an Àrd-sgoil a' Phluic far an deach na dh'ionnsaich iad a thaisbeanadh do mhuinntir na sgìre agus luchd-turais a bha fuireach san àite. Thàinig na buidhnean air an dàrna seachdain còmhla ris an Sgoil Shamhraidh Dràma airson cuirm shònraichte aig Talla Dhonaidh Chaimbeil ann an Sabhal Mòr Ostaig.

Ghabh na diofar bhuidhnean chun an rathaid an uair sin, a' gabhail a-steach thachartasan ann an iomadach sgìre air feadh Alba, le cuid dhiubh a' tadhal air Èirinn agus Sasainn. Am measg nan cuirmean sònraichte a chaidh a chumail, thàinig Fèis Fhoirt agus Fèis Lochabair còmhla airson consart leis a' bhana-sheinneadair chliùiteach Karen NicMhathain ann an Talla-cluiche Saoghal na Mara ri taobh Loch Laomainn. Chuir na Cèilidhean air Chuairt cuideachd taisbeanaidhean air dòigh aig Ionadan Nàdair air feadh nan diofar sgìrean mar phàirt de cho-obrachadh le Dualchas Nàdar na h-Alba.

Am bliadhna chaidh deugairean Fèis Latharna a bha air a' Chuairt-chèilidh a-null a dh'Èirinn. Le taic-airgid bho Cholmille chaidh iad gu Doire agus Tìr Chonaill agus chòrd an turas riutha gu mòr. Bha iad a' seinn agus a' cluich agus ghabh iad a-mach air an loch air canùthan agus choisich iad pàirt de Shlighe Chaluim Chille. Thàinig na h-Èireannaich a-nall a dh'Alba cuideachd agus ràinig iad Muile agus Eilean Ì far an do choisich iad am pìos mu dheireadh de Shlighe Chaluim Chille còmhla ris na h-Albannaich.

Chaidh Fèis Spè air turas air leth soirbheachail a dh'Èirinn cuideachd is iad a' cèilidh air Ceòl na Coille, sgoil ciùil stèidhichte ann an Leitir Cheannain, Dùn nan Gall.

Thàinig samhradh trang gu crìoch do na Cèilidhean air Chuairt aig Blas, le na buidhnean a' cumail taic ri cuid den luchd-ciùil traidiseanta is seinneadairean Gàidhlig as fheàrr a th' againn an-diugh.

This Summer saw 9 Cèilidh Trail groups take in over 260 events across the length and breadth of Scotland, as well as taking part in exchanges in Ireland and performances in England. This year there were Cèilidh Trail groups from Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis an Earraich, Fèis Fhoirt, Fèis Spè, Fèis Chataibh. Fèis Rois had three groups – a local trail and two national groups.

Fèis Latharna Cèilidh Trailers went on a trip to Ireland. With financial assistance from Colmille they visited Derry and Donegal. The Fèis Spè Cèilidh trail group also spent a very successful week in Ireland visiting Ceòl na Coille, a music school in Letterkenny, Donegal.

The busy summer came to a climax for the Cèilidh Trails in September, as they performed alongside some of the leading traditional musicians and Gaelic singers at the Blas Festival.

## COINNEAMH BHLIADHNAIL & CO- LABHAIRT 2013

Thèid Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal a chumail Dihaoine 27 Sultain 2013 aig 6.15f ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce an Dùn Èideann. Bidh Dinnear agus Cèilidh ann an dèidh làimhe ann an Taigh-òsta Malmaison, le ceòl bho òigridh Fèis Dhùn Èideann. Tha Fiona Hyslop BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson Cultair agus Cùisean an Taobh a-muigh, air aoiagheachd againn oidhche Haoine 27mh.



Thèid Co-labhairt na buidhne air adhart Disathairne 28 Sultain ann an Taigh-òsta Malmaison nuair a bhios Janet Archer, Ceannard ùr Alba Chruthachail, air aoiagheachd againn mar labhraiche sònraichte. Bidh fiosrachadh gu leòr aig luchd-eagrachaidh nam Fèisean ri fhaotainn agus cothrom ann beachdan a thoirt seachad mun àm ri teachd airson Fèisean nan Gàidheal.

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will take place at 6.15pm on Friday 27 September 2013, in Bun-sgoil Taobh na Pàirce (Parkside Primary School), Edinburgh. The AGM will be followed by a Dinner and Cèilidh in the Malmaison Hotel, with music from Fèis Dhùn Èideann. The Cabinet Secretary for Culture and External Affairs, Fiona Hyslop MSP, will be our guest on the evening of Friday 27th.

The organisation's Conference will take place on Saturday 28 September, in the Malmaison Hotel, with Janet Archer, Creative Scotland's new Chief Executive, as our guest speaker. There will be lots of practical information to pass on to Fèis organisers and an opportunity to shape Fèisean nan Gàidheal's future plans.



The programme may be downloaded from the organisation's website <http://www.feisean.org/en/information/agm-conference.php>.



# SUCCESSFUL 2013 BLAS FESTIVAL



Thàinig an naoidheamh fèis Blas gu crìoch le sreath de chuirmean air feadh na Gàidhealtachd agus an luchd-amhairc a' cruinneachadh nan dròbhan airson fàilte a chur air diofar sheòrsaichean thachartasan.

Chaidh luaidh a dhèanamh air an obair a rinneadh thar bhliadhnaichean leis a' chòmhlan-ciùil ainmeil, Capercaillie, nuair a nochd iad air an àrd-ùrlar sa chuirmean chriochnachaidh an Cùirt an Aodainn an Inbhir Nis. Cuide riutha bha Seamus Begley & Jim Murray, Calum MacCruimein, a bh' air pàirt de choimisean ùr airson na fèise, "Boraraig" a chluich agus na sgrìobhadairean Aonghas Phàdraig Caimbeul agus Niall Ó Gallagher.

Thar seachdain na fèise chaidh fàilte a chur air luchd-cuirme fad is farsaing agus airson a' chiad uair chaidh grunn thachartasan a libhrigeadh ann an Earra-Ghàidheal agus anns na h-Eileanan Siar.

A' bruidhinn aig a' chuirmean chriochnachaidh an Inbhir Nis, thuirt Art MacCarraig, Ceannard Fèisean nan Gàidheal, a tha a' cur air adhart Blas: "Tha suas ri 200 neach againn ag obair gu saor-thoileach agus còrr is 400 luchd-ciùil a' gabhail pàirt san fhèis. Tha cho soirbheachail sa tha sinn air a' cheann thall air a stèidheachadh air mar a tha na tha sin de dhaoine a' tighinn còmhla. Feumar barrachd air dìreach tàlant. Tha mòran saothair an lùib na cuise cuideachd. Bu mhath leinn taing a thoirt dhaibh uile, a bharrachd air an fheadhainn a tha a' cumail an sporan fosgailte agus gar maoineachadh. Agus os cionn a h-uile càil eile, tha deagh sgioba-obrach againn a' frithealadh na fèise, le Donna NicRath gan stiùireadh."

**Bidh Blas 2014 a' comharrachadh a' chiad deichead dhen Fhèis agus tha planaichean mar-thà gan deisealachadh airson tachartasan a bhios a' dol eadar 5 agus 13 Sultain an ath-bhliadh.**

Blas 2013's packed week of Gaelic and Highland cultural events came to a thrilling finale with a series of events across the area playing to enthusiastic audiences.

The highlight of Saturday night's closing finale at Eden Court Theatre in Inverness was the 30th anniversary celebration of one of Gaelic music's modern institutions, supergroup Capercaillie, who performed to a full house with Seamus Begley & Jim Murray, Calum MacCrimmon, who had composed one of this year's festival's two new commissions, reprising a section of his acclaimed work, "Boraraig" and the Gaelic writers Angus Peter Campbell and Niall Ó Gallagher.

The pan-Highland festival once again attracted significant audiences and took a foray into Argyll and the Western Isles with notable success likely to be repeated as the event reaches an important milestone next year with the completion of its first decade.

Speaking at the closing concert in Inverness on Saturday night, Fèisean nan Gàidheal Chief Executive, Arthur Cormack praised the efforts of the volunteers and others who make the festival such a success. He said: "We have around 200 volunteers involved in the festival and over 400 individual artists. The success of Blas is a testament to their enthusiasm and talent. We'd like to thank them all, as well as those who continue to fund Blas, work collaboratively with the festival and Donna Macrae's team who pull everything together."

Blas 2014 will be the 10th anniversary and plans are already under way for the festival which will take place between 5 and 13 September.



## KAREN MATHESON JOINS CÈILIDH TRAILS

San Iuchar, thill Karen NicMhathain – a th' air a bhith seinn le còmhlan cho soirbheachail sa th' air a bhith an Alba, Capercaillie – gu far an do thòisich i, nuair a ghabh i ris an àrd-ùrlar còmhla ri cuid de dh'òigridh fìor-thàlantach bho dhà Fhèis. Bha i a' seinn còmhla riutha an cuideachd a còmhlain fhèin aig Talla-cluiche Saoghal na Mara ri taobh Loch Laomainn.

Tha Karen air a bhith na prìomh sheinneadair ann an saoghal a' chiùil fad bhliadhnaichean. Buinidh i do Thaigh an Uillt, ach le ceanglaichean ri Barraigh, cha do chuir i a cùl riamh ri dùthaich a h-àrach. Tha i fhathast air a misneachadh agus air a rothaigeadh le ceòl traidiseanta Gàidhlig agus tha luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail air am beò-ghlacadh le guth Karen. Chaidh urram OBE a bhuileachadh oirre ann an 2006, a bharrachd air duais eile a choisinn i mar An Seinneadair Gàidhlig as Fheàrr aig a' chiad Chuirmean de Dhùaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba.

Chuir tòrr de na Fèisean air adhart Cèilidhean air Chuairt tron as t-samhradh, a' frithealadh còrr is 280 cèilidh air feadh na dùthcha. Còmhla ri Karen aig Loch Laomainn, bha dà bhuidheann – Buidheann Shruighlea agus nan Tròisichean bho Fhèis Fhoirt agus buidheann Lochabair, bho Fhèis na sgìre sin.



Karen Matheson - the voice of one of Scotland's most successful bands, Capercaillie - returned to her roots on 17 July when she agreed to perform alongside some of the most talented young people from two Fèisean at a special performance with her own band at Loch Lomond Shores Sealife Auditorium.

The concert was organised to promote Gaelic music within the Loch Lomond and Trossachs National Park, highlighting opportunities for youngsters and showcasing the young talent that is emerging from the local area.

## SGOIL SHAMHRAIDH DHRÀMA IS FÈIS ALBA 2013



Thàinig 11 cleasaiche òg, às geach ceàrnaidh de dh'Alba, còmhla gus sgilean dràma aig fìor àrd-ìre ionnsachadh aig an t-siathamh Sgoil Shamhraidh Dhràma ann am Port Rìgh. Thàinig an tachartas, a mhair cola-deug, gu crìoch Diardaoin 11 Iuchar le taisbeanadh poblach aig Talla Dhonaidh Chaimbeil, Sabhal Mòr Ostaig. An seo bha cothrom aig an t-sluagh sùil a thoirt air cuid de na rudan anns an robh na seòid òga an sàs. Aig an aon àm, chuala iad tàlant an luchd-ciùil Chèilidhean air Chuairt, a bha iad fhèin air a bhith an lùib chlasaichean aig Fèis Alba air a' Phloc.

Bha cuid de na cleasaichean is luchd-teagaisg dràma as ainmeil ann an saoghal na Gàidhlig an sàs ann an SSD2013, Daibhidh Walker, Artair Donald, Catriona Lexy Chaimbeul agus Gilleasbuig Fearghasdan nam measg. A rèir Dougie Beck, fear de dh'oifigearan dràma Fèisean nan Gàidheal, bha Sgoil Shamhraidh na bliadhna sa air leth làidir a thaobh sgilean nan com-pàirtichean: "S e buidheann gu math dicheallach, tàlantach a bh' againn am-bliadhna, cuid aca a bha air tilleadh thugainn às dèidh dhaibh a bhith còmhla rinn air bliadhnaichean eile. Tha e follaiseach gun robh a' mhòr-chuid air dràma a dhèanamh mar-thà, 's dòcha anns an sgoil no tro bhuidhnean eile, is bha sin a' leudachadh nan cothroman a bh' againn sna clasachaichean rudan inntinneach subsainteach a dhèanamh. B' e tèama na bliadhna sa "fèin-aithne" – cuspair a tha air leth farsaing – agus rinn sinn fiughar fad cola-deug feuch dè dhèanadh na com-pàirtichean dheth aig oidhche an taisbeanaidh. Agus gu dearbha 's e oidhche air leth de dhràma is ceòl a bh' ann – a cheart cho math ris an oidhche a thug a' chiad Sgoil Shamhraidh gu crìoch ann an 2008."

Mar phàirt den Sgoil Shamhraidh, chuir Fèisean nan Gàidheal air dòigh oidhche air leth de dhràma is ceòl ann an Àros le "Am Fiosaiche" bho Bhuidheann Dràma Chille Mhoire, "Os mo Chionn Sheinn an Uiseag" bho Mhagaidh Nic a' Ghobhainn agus ceòl is òrain bho Ellen NicDhòmhnaill agus Calum McConnell.

11 young actors from across Scotland came together to learn top-level drama skills at the sixth Sgoil Shamhraidh Dhràma (Gaelic Drama Summer School) in Portree. The event, which lasted a fortnight, came to an exciting conclusion on 11 July with a public performance at Talla Dhonaidh Chaimbeil, Sabhal Mòr Ostaig. Open to all, this showcased the talents of both the Sgoil Shamhraidh participants and the Cèilidh Trailers, who had been involved in Fèis Alba in Plockton.

Some of the Gaelic world's best-known actors and tutors were involved in SSD2013, including Daibhidh Walker, Artair Donald, Catriona Lexy Chaimbeul and Gilleasbuig Ferguson.

As part of this year's Sgoil Shamhraidh, Fèisean nan Gàidheal held a night of Drama in Àros featuring "Am Fiosaiche" from Kilmuir Gaelic Drama Group, "Os mo Chionn Sheinn an Uiseag" from Maggie Smith and songs and music from Ellen MacDonald and Calum McConnell.

## FUARAN NAN ÒRAN

Tha Fèisean nan Gàidheal fhathast a' sireadh duine no dithis a bharrachd airson a' phròiseict chruinneachaidh aca, Fuaran. Tha Fuaran ag amas air seann òrain a lorg am measg teaghlachan agus bailtean air feadh na Gàidhealtachd agus an cur ann an cruth didseatach far am bi iad nas fhasa a lorg agus a thogail.

'S dòcha gu bheil tionndadh eadar-dhealaichte sa sgìre agaibhse air òran ainmeil, no gun robh cuideigin san teaghlach agaibhse buailteach air a bhith a' cur peann ri pàipear nuair a bhiodh rudeigin a tachairt – reithe air an ran-dan, làraidh san dig, banais no bàs. Ma tha thu eadar 16 agus 24 agus ùidh agad ann a bhith cruinneachadh òran agus sgeulachdan, tha àite no dhà ann fhathast. Cuir fios gun dàil gu lona air [iona@feisean.org](mailto:iona@feisean.org). Ged nach eil pàigheadh ann, gheibh sibh stiùireadh agus eòlas air cruinneachadh agus clàradh a bhios gu feum dhuibh.



Fèisean nan Gàidheal  
Taigh a' Mhill  
Port-Rìgh  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV51 9BZ  
Fòn 01478 613355  
Facs 01478 613399  
Post-d [brath@feisean.org](mailto:brath@feisean.org)  
[www.feisean.org](http://www.feisean.org)